



Fèisean nan Gàidheal
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean

Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.

Poileasaidh: Poileasaidh Siubhail (a' gabhail a-steach Coinneamhan gun Ghluasad agus Poileasaidh airson Cleachdadh Fònaichean-làimhe)

Tha am poileasaidh mar phàirt de: Poileasaidh Làimhseachaidh Cunnairt, Slàinte & Sàbhailteachd.

Poileasaidhean Co-cheangailte: Poileasaidh Làimhseachaidh, Dèiligeadh ri Uallach-inntinn, Làimhseachadh Cunnairt, Luchd-obrach nan Aonar, Leabhraan an Luchd-obrach, Poileasaidh Àrainneachd

Adhbhar a' Phoileasaidh: Gus cunnartan a lùghdachadh nuair a tha luchd-obrach is cunnradair eile a' dràibheadh ri linn obair, agus gus smachd a chumail air siubhal nach fheumar a dhèanamh.

Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh: Stiùireadh air cho freagarrach 's a tha e siubhal ri linn obair, agus a' lùghdachadh nan uairean/miltean nuair as urrainnear. Cùisean laghail (àrachas, MOT, staid a' charbaid, fo bhuidhe na dibhe/dhrogaichean) agus molaidhean (sgìths, a' stad gu tric, a' roinn an dràibhidh, msaa), agus am feumar siubhal, agus am biodh coinneamhan de sheòrsa eile a cheart cho èifeachdach ri coinneamh aghaidh-ri-aghaidh?

Chaidh am poileasaidh a dhealbh le: Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 01 An Gearran 2010.

Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha): 18 An Gearran 2010.

Sgrùdadh mu dheireadh (ceann-latha): An Gearran 2013

Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha): Sa Ghearran 2014.

Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.

Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidh Siubhail

(a' gabhail a-steach Coinneamhan gun Ghluasad agus Poileasaidh airson Cleachdadh Fònaichean-làimhe)

Cunntas Poileasaidh

Tha an cunntas seo na phàirt de Phoileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd Fèisean nan Gàidheal. Tha e mar phoileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal na dòighean as èifeachdaiche, as sàbhailte agus as eargonomaiche a mholadh airson coinneamhan obrach. Thathar a' gabhail ris gum feumar siubhal gu coinneamhan uaireannan, ach bu chòir do dhaoine faighneachd am feum iad siubhal, agus cha bu chòir dhaibh siubhal ach nuair nach gabh "coinneamh gun ghluasad" a chur air dòigh tro co-labhairtean fòn, bhidio is eile. Bu chòir measadh cunnairt a dhèanamh ro gach turas. Gheibhear cosgaisean airson siubhal riatanach air ais, aig an ìre a chithear ann an Leabhran an Luchd-obrach, agus faodaidh an ìre sin atharrachadh bho àm gu àm. Tha an stiùireadh agus na foirmichean measadh cunnairt gu h-ìosal nam pàirt den phoileasaidh seo.

A' DRÀIBHEADH RI LINN OBAIR

NOTAICHEAN STIÙIRIDH AIRSON MEASADHEAN CUNNAIRT

A' measadh cunnart

(Faicibh liosta ghnìomhan is foirm fa leth airson measadh cunnart)

Gun a bhith siubhal (Coinneamh gun Ghluasad)

Am feum sibh siubhal? 'S dòcha gun tèid agaibh ris an obair a dhèanamh:

- Air a' Fòn
- Le co-labhairt bhidio, fòn no Skype
- Post-dealain
- Facs

Dòigh siubhail eile

Bu chòir dhuibh smaoineachadh air dòighean siubhail eile mar an trèan, am bus, no plèana, nuair a bhiodh e reusanta sin a dhèanamh, fiù 's airson pàirt den turas.

Ma dh'fheumas sibh dràibheadh, feumar measadh cunnairt a dhèanamh.

Measadh Cunnairt

Tha 5 ceumannan ann an measadh cunnairt, 's iad:

- Ceum 1: Comharraichibh an cunnart agus a' bhuidhe a th' aige – smaoinichibh air an dràibhear, an carbad agus an turas.
- Ceum 2: Smaoinich air cò dh'fhaodadh a bhith air an goirteachadh – dràibhear, neach-siubhail, daoine eile a' cleachdadh an rathaid, luchd-coiseachd.
- Ceum 3: Tomhaisibh dè na cunnartan agus faighnichibh a bheil na ceumannan earalais freagarrach – smaoinichibh air cò bhios a' dràibheadh, dè cho fad 's a tha iad a' dol, dè cho tric a bhios iad a' dràibheadh, dè cho eòlach 's a tha iad air cùisean, a bheil uallach orra gus an obair a chrìochnachadh taobh a-staigh nan uairean obrach aca agus seo gam fàgail sgìth, agus a' toirt orra a bhith a' dol ro luath.
- Ceum 4: Am feumar dad eile a dhèanamh gus smachd a chumail air cunnart?
- Ceum 5: Cò ris a tha e urra gun tèid na ceumannan a choileanadh? Clàraichibh agus dèanaibh ath-sgrùdadh air a' mheasadh ma dh'fheumar.

Tha foirm measadh cunnairt airson "A' dràibheadh ri linn obair" ceangailte ris an stiùireadh seo.

A' lùghdachadh cunnart

Tha cunnart ann cho luath 's a ghabhas dràibhear smachd air carbad, ach nuair a thathar a' dràibheadh astar fada, no airson ùine mhòr, ri linn obair, tha an cunnart a' dol an meud gu mòr.

Feumaidh manaidsearan dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan ann gus cunnartan a lùghdachadh a nì dìon air slàinte is sàbhailteachd luchd-obrach a bhios a' dràibheadh airson na h-obrach aca, agus a nì dìon air slàinte is sàbhailteachd dhaoine eile air am faodadh an luchd-obrach buaidh a thoirt. An lùib seo faodar dèanamh cinnteach à deagh mhodhan dràibhidh agus a' taghadh carbad a tha freagarrach.

Faodaidh Raointean Seirbheis suidheachaidhean a chomharrachadh, far am bi dràibhear ann an cunnart nach beag nuair a tha iad a' dràibheadh ri linn obair Fèisean nan Gàidheal, le bhith a' cleachdadh liosta ghnìomhan airson

measaidhean cunnairt (faicibh **Eàrr-ràdh 1**). Nuair a tha sibh air cunnartan sònraichte a chomharrachadh, faodaidh sibh an uair sin ceumannan reusanta is pragtaigeach a ghabhail gus na cunnartan a lùghdachadh le bhith a' beachdachadh air na leanas:

Am Manaidsear

- Tha e an urra ris a' mhanaidsear dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunnairt a dhèanamh agus gun tèid na ceumannan smachdachaidh a chur an sàs. Feumar innse don dràibhear agus do luchd-siubhail sam bith mu bhui a' mheasaidh cunnairt.
- Feumaidh am manaidsear dèanamh cinnteach gu bheil an dràibhear comasach air dràibheadh; gu bheil cead-dràibhidh dligheach aige/aice; gu bheil àrachas aca, gu bheil iad eòlach air a' charbad agus an obair, gu bheil iad a' tuigsinn buil a' mheasaidh cunnairt is nan ceumannan smachdachaidh, agus gun d'fhuair iad trèanadh iomchaidh ma bha sin a dhìth.
- Feumaidh an dràibhear is an manaidsear faid an latha obrach aontachadh. Feumar aontachadh air cia mheud uair a thìde dràibhidh agus/no obrach a tha sàbhailte agus feumar ullachadh a dhèanamh airson an cuid oidhche ma dh'fheumar. Chan fhaod luchd-obrach obair fad an latha agus an uair sin dùil ann gun dràibh iad ùine fhada.

An dràibhear

- Feumaidh cead-dràibhidh dligheach a bhith aig a h-uile dràibhear airson an seòrsa carbaid a bhios iad a' dràibheadh, no dùil dràibheadh ri linn obair Fèisean nan Gàidheal.
- Thathar a' sùileachadh gun cuir dràibhear an orra na criosan-sàbhailteachd a dh'fheumas a bhith sna carbadan.
- Nuair a ghabhas dràibhear sealbh air carbaid no ma tha iad a' cleachdadh a' charbaid aca fhèin ri linn obair Fèisean nan Gàidheal, feumaidh dràibhear an dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainnear, gu bheil an carbaid aca iomchaidh airson na h-obrach agus ann an staid shàbhailte. Tha seo gu sònraichte cudromach a thaobh carbadan prìobhaideach.
- Nuair a tha iad a' dràibheadh ri linn obair nam Fèisean, thathar a' sùileachadh gun cum dràibhear an ri reachdas trafaig, gum bi iad mothachail air sàbhailteachd air na rathaidean agus gun dràibh iad le cùram, agus gun lean iad deagh chleachdaidhean dràibhidh eile. Faicibh eàrr-ràdh airson cleachdadh fònaichean-làimhe.
- Thathar a' sùileachadh nuair a tha daoine a' dràibheadh carbadan (a' gabhail a-steach an fheadhainn aca fhèin) ri linn obair nam Fèisean nach bi iad ag òl no fo bhuidh dhrogaichean, a' dràibheadh nuair nach eil cead-dràibhidh ceart aca no nuair a tha iad air an casg bho bhith dràibheadh, a' dràibheadh ann an dòigh chunnartach, agus gun stad iad às dèidh tubaist no tachartais eile anns a bheil iad an sàs.
- Feumaidh dràibhear an innse mu dhìtidhean dràibhidh sam bith.
- Bu chòir do luchd-obrach comhairle mheidigeach iarraidh ma tha iad eòlach air tinneas no ma tha iad a' gabhail cungaidhean-leigheis a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air na comasan dràibhidh aca, no air an ùine as urrainn dhaibh dràibheadh.
- Thathar a' sùileachadh gun cum dràibhear an proifeiseanta ri riaghailtean AE airson uairean dràibhidh, mar a tha iad an-dràsta.

An Carbaid

- Feumaidh carbadan a bhith freagarrach don ghnìomh.
- Feumaidh gach dràibhear dèanamh cinnteach gu bheil àrachas iomchaidh aig a' charbad a tha iad a' dràibheadh.
- Bu chòir dhuibh carbadan a chumail ann an staid mhath agus glan gus am bi iad freagarrach airson dràibheadh. Tha e an urra ris an dràibhear dèanamh cinnteach gun dèanar deuchainn sàbhailteachd air a' charbad mus fhallb iad air chuairt, agus seo liosta de nithean mar stiùireadh:
 - Tha na taidhrichean ceart gu leòr, chan eil coltas ann gu bheil iad air an cosg cus, no gu bheil cus èadhair no nach eil gu leòr èadhair annta.
 - Tha com a' charbaid fhèin sàbhailte gu leòr gun choltas ann gu bheil connadh, ola no lionn eile ag aoidion.
 - Chan eil luchdan crochte seachad air oirean a-muigh a' charbaid.
 - Tha gach solas rabhaidh/èiginn agus solas àbhaisteach ag obair.
 - Tha an dùdach ag obair.
 - Tha na sgàthain dràibhidh glan agus suidhichte gu h-iomchaidh airson an dràibheir.
 - Tha a' ghlainne ann an staid mhath (chan eil i air a còmhdach le sneachd/poll, tha e gun sgealb no sgàineadh innte, msaa)
 - Tha lionn gu leòr sna botail ghlanaidh.

An Turas

- Nuair a thathar a' siubhal air an rathad, bu chòir gum bi ùine gu leòr aig daoine gus an ceann-uidhe aca a ruighinn gun a bhith a' dol nas luaithe na an casg-astar.
- An t-slighe – bu chòir gun leanadh an turas an t-slighe as sàbhailte, ach chan eil sin a' ciallachadh gur e sin an t-slighe as luaithe no as giorra.
- Tha an ùine a tha sibh a' dràibheadh na pàirt den latha-obrach agaibh. Cha bu chòir don latha-obrach agaibh a bhith ro fhada, gu sònraichte sa gheamhradh. 'S dòcha gum feum sibh stad airson na h-oidhche gus nach bi an latha-obrach agaibh ro fhada.

- Bu chòir don dràibhear stad airson fois mus fhàs iad ro sgìth – aig a’ char as lugha, thathar a’ moladh gum bu chòir dhuibh stad airson 15 mionaidean gach 2.5 uair a thìde. Nuair a tha barrachd is aon duine a’ siubhal, bu chòir dhuibh smaoineachadh air an dràibheadh a roinn eadaraibh.
- Bu chòir cuimhneachadh air dè seòrsa sìde a bhios ann. Mar eisimpleir, ma tha ceò tiugh, deigh no sneachda mòr ann air an latha a tha sibh gu bhith siubhal, bu chòir dhuibh an turas a chur dheth, no siubhal latha eile.

Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh airson Cleachdadh Fònaichean-làimhe

A' Cleachdadh Fònaichean-làimhe

Gu math tric tha feum agad air fòn-làimhe airson ur n-obrach agus nur beatha prìobhaideach. Tha iad a' toirt beagan tèarainteachd dhuibh, agus cuideachd bheir iad dòigh conaltraidh dhuibh an lùib ur n-obrach agus airson bruidhinn ri daoine san dachaigh agaibh. Ge-tà, faodaidh iad ur n-aire a tharraing bho dhràibheadh, agus cha bu chòir dhuibh an cleachdadh nuair a tha sibh a' dràibheadh, fiù 's nuair a tha sibh air stad aig solais no ann an sreath chàraichean. Faodaidh fònaichean nach fheum sibh a chumail nur làimh a bhith cunnartach, oir faodaidh an dràibhear a bhith a' toirt an aire orra agus 's dòcha gun èirich tubaist ri linn sin. Cha bu chòir dhuibh fòn no PDA a chleachdadh gus fònadh, dealbhan/brathan a ghabhail, no gus a dhol air an eadar-lìon nuair a tha sibh a' dràibheadh.

Tha e mì-laghail fòn-làimhe a chleachdadh nur làimh nuair a tha a' dràibheadh, agus feumaidh sibh càin £60 a phàigheadh agus gheibh sibh trì puingeann peanais air a' chead-dràibhidh agaibh ma thèid ur dìteadh. Bu chòir cuimhneachadh gum faod dràibhear an bhith air an dìteadh airson a bhith a' cleachdadh fòn "gun làmh" ma thèid a dhearbhadh nach robh smachd cheart aca air a' chàr. Ma thèid ur dìteadh airson a bhith a' dràibheadh ann an dòigh mhì-chùramach no chunnartach, am measg nam peanasan, faodaidh sibh a bhith air ur casg bho bhith dràibheadh, no 's dòcha gum bi agaibh ri càin mhòr a phàigheadh, no 's dòcha gum faigh sibh binn prìosan airson suas ri dà bhliadhna.

FAODaidh dràibhear fòn a chleachdadh airson 999 no 112 ma tha cùis èiginn dha-rìribh ann agus mura h-eil e sàbhailte stad no chan urrainn dhuibh stad.

Nuair a tha sibh a' dràibheadh, bu chòir dhuibh siostam airson brathan-gutha, no seirbheis-bratha no seirbheis a chuireas daoine air adhart gu fòn eile a chleachdadh, agus gheibh sibh na brathan agaibh a-rithist.

Na cleachdaibh am fòn agaibh, ach nuair a tha sibh nur stad ann an àite sàbhailte. Na stadaibh air oir a' mhòr-rathaid ach nuair a tha cùis èiginn ann.

Feuchaibh gun a bhith a' freagairt a' fòn nuair a tha sibh a' dràibheadh, fiù 's le fòn nach fheum sibh a chumail nur làimh. Faodaidh seo a bhith a cheart cho cunnartach. Ma dh'fheumas sibh freagairt, canaibh riutha gu bheil sibh a' dràibheadh agus cuiribh crìoch air a' chòmhradh. No cuiridh sibh sibh fhèin agus daoine eile ann an cunnart.

Tha e an urra rinn uile a bhith dèanamh cinnteach à sàbhailteachd air na rathaidean. Ma dh'fhònas sibh cuideigin agus iad a' dràibheadh, cuiribh stad air a' chòmhradh agus cuiribh air dòigh gum bruidhinn sibh riutha a-rithist.

CUIRIBH DHETH E MUS DRÀIBH SIBH

(Fhuaras am fiosrachadh seo bho www.thinkroadsafety.gov.uk)

Liosta Ghnìomhan airson Measadh Cunnairt an lùib Siubhal

Ann an co-bhuinn ris an dràibhear, feumar measadh cunnairt a dhèanamh air carbad sam bith a chleachdar an lùib obair nam Fèisean agus thathar a' moladh gun cleachd sibh an liosta ghnìomhan a leanas.

Am feum sibh siubhal? An do bheachdaich sibh air dòighean far nach fheum sibh siubhal no nach fheum sibh an uiread siubhail a dhèanamh?	FEUMÀIDH	CHAN FHEUM
An do bheachdaich sibh air còmh-dhail phoblach, feuch an gabhadh e no nach gabhadh e a chleachdadh?	BHEACHDAICH	CHA DO BHEACHDAICH
An do rinn sibh cinnteach cho fad 's a b' urrainn dhuibh nach bi sibh a' dràibheadh ann an suidheachadh cunnartach, m.e. gun a bhith a' dràibheadh san dorchadas, gun a bhith a' dràibheadh ann an droch thìde – deigh/sneachd/stoirm?	RINN	CHO DO RINN
A bheil an t-astar a tha sibh a' siubhal cho beag 's as urrainn dha a bhith, agus sibh fhathast a' leantainn na slighe as sàbhailte? (Nòta: tha mòr-rathaidean, rathaidean dùbailte nas sàbhailte na rathaidean eile. Feumar cumail ris a' chasg-astar.)	THA	CHAN EIL
A bheil sibh air beachdachadh air tinneas agus/no cùis mheidigeach sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an dràibhear?	THA	CHAN EIL
A bheil sibh a' cumail faide an latha-obrach aig ìre fhreagarrach? (chan fhaod an ùine dràibhidh, an ùine obrach agus na greisean fois a dh'fheumar a bhith nas fhaide na 10 uairean a thìde uile gu lèir)	THA	CHAN EIL
An deach an clàr-ama siubhail a chur air dòigh gus am bi an dràibhear a' stad tric gu leòr airson fois? (Nòta: 15 mionaidean fois airson gach 2.5 uair a thìde de dhràibheadh)	CHÀIDH	CHA DEACH
A bheil cead-dràibhidh dligheach aig gach dràibhear?	THA	CHAN EIL
A bheil sibh air an carbad iomchaidh a thaghadh? (m.e. am bi sibh a' giùlan nithean troma, tomadach no cunnartach)	THA	CHAN EIL
Ma thathar a' cleachdadh carbad (leis na Fèisean/air mhàl/agaibh fhèin), a bheil e ann an staid cheart airson dràibheadh, le cìs rathaid agus MOT?	THA	CHAN EIL
Ma thathar a' cleachdadh charbadan prìobhaideach, a bheil àrachas iomchaidh aca airson siubhal an lùib obair?	THA	CHAN EIL
Ma thathar a' cleachdadh carbad aig na Fèisean/a tha air mhàl, a bheil dràibhear eòlach air uidheam stiùiridh a' charbaid, a bheil iad air na sgàthain a chur air dòigh agus air sùil a thoirt air a' charbad airson dad a tha ceàrr gu follaiseach?	THA	CHAN EIL
A bheil fòn-làimhe ann airson cùis èiginneach? A bheil an dràibhear eòlach air riaghailtean laghail agus a th' aig Fèisean nan Gàidheal mu bhith a' cleachdadh fòn-làimhe?	THA	CHAN EIL
A bheil uidheam riatanach sa charbad a ghabhas a cleachdadh, ma bhios cùis èiginn no tubaist ann, no ma bhristeas an càr sìos? Am measg na h-uidheim a dh'fhaodadh a bhith ann tha: fòn-làimhe, acfhainn chiad-chobhair, triantan rabhaidh, seacaid a tha gu math follaiseach, uidheam smàlaidh.	THA	CHAN EIL
A bheil poileasaidh aig a' charbad gus an tèid a thogail ma bhristeas e sìos?	THA	CHAN EIL

Èiridh tuilleadh cheistean às na ceistean seo agus bheir iad dhuibh measadh cunnairt reusanta gus an urrainn dhuibh na ceumannan smachdachaidh a dh'fheumar a chur an sàs.

Faicibh am Foirm Measadh Cunnairt gu h-ìosal.

Poileasaidh Slàinte is Sàbhailteachd Fèisean nan Gàidheal			Ceann-latha: 16 Ògmhios 2008		
Measadh Cunnairt – Lìonaibh am foirm seo airson daoine fa leth agus gnìomhan fa leth			Ath-sgrùdadh: 16 Ògmhios 2009		
Gnìomh – Measadh Cunnairt air Dràibheadh airson ur Obrach (Coitcheann)					
Air a mheasadh le: Iona NicDhòmhnaill		Dearbhte le:			
Cunnart	Daoine an cunnart/Ciannart	Ceumannan smachdachaidh gus dèiligeadh ris a' chunnart	Tuilleadh cheumannan	Ìre Cunnairt M/MM/B	Buil
Tubaist Rathaid	A H-UILE DUINE (Dràibhear/Fastaiche/Daoine eile air an rathad)	Tha ceisteachan dligheachd air a lìonadh a' dèanamh cinnteach às na leanas: cead-dràibhidh iomchaidh, teisteanas MOT, àrachas iomchaidh, cìs rathaid air a phàigheadh, an carbad ann an staid shàbhailte, gu bheil an carbad a' faighinn seirbheis gu cunbhalach, msaa. A' cumail ri stiùireadh Còd nan Rathaidean, casgan-astar, msaa. Bidh deuchainnean air an dèanamh mus fhalbhar; Ùine airson stad airson na h-oidhche/gu cunbhalach airson fois nuair a bhios faide an latha-obrach (a' gabhail a-steach dràibheadh) nas fhaide na 10 uairean a thìde. Gheibh dràibhear stùiridhean sàbhailteachd bho RoSPA.	Am feum sibh siubhal? An gabh co-labhairt a chumail le teicneòlas? An do smaoinich sibh air còmh-dhail phoblach gus na mìltean/sgìths an dràibhear a lùghdachadh? Leanar stiùiridhean RoSPA airson dràibheadh sàbhailte. Chan òl iad deoch-làidir nuair a tha dùil aig daoine ri dràibheadh. Cha bhi dràibhear a' dràibheadh fo bhuidh dhrogaichean mì-laghail, no drogaichean laghail a fhuair iad ann am bùth no le òrdugh-cungaidh. Bu chòir do dhràibhear dèanamh cinnteach gum faigh iad cadal gu leòr mus dràibh iad, agus nach eil tinneas no dad eile a' toirt buaidh air cho comasach 's a tha iad air dràibheadh.	MM	F

Sgìths/Uallach-inntinn	A H-UILE DUINE	Clàran-ama a leigeas le daoine stad airson na h-oidhche / airson fois gu cunbhalach. A' Seachnadh siubhal, mas urrainnear, aig "amannan tranga" air an rathad nuair nach eil daoine eòlach air an sgìre.	Àrachas ann airson Bristeadh Sìos/Togail? Cuiridh dràibhearan eòlas air an t-slighe mus fhalbh iad tro mhapa/làrach-lìn/eòlas ionadail no Sat Nav. Ma tha daoine a' siubhal còmhla, an gabh an dràibheadh a roinn eatarra?	B	F
Làimhseachadh	Dràibhear	Leantar dòighean sàbhailte gus luchdan troma a thogail a-steach do chàraichean. Gun a bhith a' cur cus ann an càr.	Cuirear trèanadh air dòigh airson luchd-obrach a tha fo chunnart, gus an ionnsaich iad mar a làimhsicheas iad nithean.	MM	F
Droch Shìde	A H-UILE DUINE	Thoiribh sùil mus fhalbh sibh air an t-side/staid nan rathaidean tron rèidio/TBh, air-loidhne, aithrisean na Comhairle, poileas. Thoiribh an aire air rabhaidhean sìde. Roghainn ann coinneamhan a chur dheth air sgàth droch shìde.	Liosta uidheaman airson dràibheadh sa gheamhradh. Dèanaibh cinnteach gu bheil dràibhearan mothachail air na nithean eile a dh'fheumas iad dèanamh nuair a tha iad a' dràibheadh ann an droch shìde (uisge, sneachd, deigh, msaa)	MM	CH
A' dràibheadh anmoch air an oidhche/glè thràth sa mhadainn	A H-UILE DUINE	Ma dh'fheumas daoine dràibheadh anmoch air an oidhche, bu chòir dhaibh an Stiùireadh airson Dràibheadh Sàbhailte aig RoPSA a leantainn a thaobh: a' dèanamh cinnteach gun gabh iad fois tric gu leòr, dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ma tha iad sgìth, a' gabhail deochan le tòrr caffeine, agus ag innse do chuideigin earbsach cuin a tha iad an dùil an ceann-uidhe ruighinn, agus dè bu chòir tachairt ma tha iad anmoch an ceann-uidhe a ruighinn.	A' seachnadh dràibheadh anmoch air an oidhche/glè thràth sa mhadainn nuair as urrainnear, le bhith a' gleidheadh àite-fuirich airson na h-oidhche, no le bhith a' cumail co-labhairtean tro theicneòlas.	MM	F

Àrachas	A H-UILE DUINE	Feumaidh a h-uile dràibhear a tha a' cleachdadh a' chàir aca airson adhbharan obrach, ach a-mhàin nuair a tha iad a' siubhal chun an àite-obrach àbhaisteach aca, àrachas obrach a thoirt a-mach, agus gheibh iad a' chosgais sin air ais bho Fhèisean nan Gàidheal.	Chan fheumar an còrr a dhèanamh	B	F
Cunnartan sònraichte eile co-cheangailte ris an dràibhear no an obair:					

Buil: G = Glè bheag, F = Fo smachd iomchaidh, Gu = Gun smachd iomchaidh, feumar dèiligeadh ris, Ch = Chan eil fhios dè an cunnart

Plana Siubhail Simplidh

CHAN
FHEUM

A feum sibh dràibheadh?

**Cleachdaibh
dòighean-conaltraidh
aig astar no
cleachdaibh an trèan,
am bus, no plèana –
tha e nas sàbhailte**

FEUMAIDH

Dèanaibh Plana Siubhail

- Leigibh le daoine eile dràibheadh cuideachd mas urrainn dhuibh
- Dèanaibh cinnteach gu bheil an carbad sàbhailte
- Dèanaibh cinnteach nach eil sibh fo bhuidh na dibhe no dhrogaichean
- Dèanaibh cinnteach gum faigh sibh fois gu leòr
- Glèidhibh àite-fuirich ma dh'fheumas sibh stad
- Feuch gun a bhith dràibheadh aig amannan nuair a bhiodh sibh sgìth

Plana na Slighe

- Feuch gun a bhith dràibheadh aig àm nuair a bhiodh sibh nur cadal mar as àbhaist
- Beachdaichibh air stad gu cunbhalach airson fois – gach 2 uair a thìde co-dhiù
- Cuiribh air dòigh far am bi sibh a' stad airson na h-oidhche
A bheil dàil gu bhith ann – smaoinichibh air slighean eile

Air an t-slighe

- Stadaibh airson fois
- Èistibh ris na naidheachdan siubhail feuch a bheil dàil ann
- Thoiribh an aire nuair a tha sibh a' dràibheadh

Ma tha sibh a' faireachdainn sgìth

- Lorgaibh àite sàbhailte airson stad
- Gabhaibh grèim bìdh agus deoch (chan e deoch-làidir)
- Mas urrainn dhuibh, faighibh beagan èadhair

**A bheil sibh ro sgìth airson cumail oirbh?
Lorgaibh àite sàbhailte gus stad airson na h-oidhche**